cinnteach
Ciorstaidh
clàran; na clàran
clàrsach; a' chlàrsach
clasaichean; na clasaichean
Cò às a tha sibh?
Cò às a tha thu?
Cò às a tha …?
cuairt; a' chuairt

daoine; na daoine
dè cho fad 's a …?
do na bùithean
do
dràma; an dràma
duine; an duine
dùthchannan

Èirinn

faisg air
faisg
fìdeag; an fhìdeag
fidheall; an fhidheall

gach
giotàr; an giotàr
gu
gu dearbh
gu leth

Inbhir Pheofharain
ionnsaich

leabaidh; an leabaidh
leasain; na leasain

madainn; a' mhadainn
mìle; a' mhìle
ministear; am ministear
mionaid; a' mhionaid
mìos; a' mhìos
mun latha

neònach
nighean; an nighean
Nirribhidh

Ògmhios; An t-Ògmhios
ospadal; an t-ospadal
Peadar
pìobaireachd

rathad; an rathad
rud; an rud
rudeigin

saor-làithean; na saor-làithean
Sasainn
seachdain; an t-seachdain
shuas

taisbeanadh; an taisbeanadh
teanas
Tha mi à Uibhist
Tha mi às an Eilean Sgitheanach
Tha Niall às an Òban
Tha Seonag à Peairt
thall
tiogaidean; na tiogaidean
toilichte

ullamh

Track 18 (Sgeulachd Unit 16)

First, prompted by questions from Jean and Morag, Miss Grant tells her class all about a trip to Skye – where they are going, where they will stay, when they leave and when they are due to arrive – and, most important of all, how much it is going to cost.
Here she talks about the place they will stay at – Bernisdale, near Portree.

Jean: **Càit a bheil sinn a' dol?**
Miss Grant: **Tha sinn a' dol a Bheàrnasdal**
Jean; **Càit a bheil sin?**
Miss Grant: **Anns an Eilean Sgitheanach, faisg air Port Rìgh.**

Morag wants to know when they are going. The new words here are those for a month, a week and two days.

Morag: **Cuin a tha sinn a' falbh?**
Miss Grant: **Mìos eile. Mìos Diluain.**
Morag: **Agus cuin a tha sinn a' tilleadh air ais?**
Miss Grant: **Tha sinn ann airson seachdain agus dà latha.**

So, when do they leave, and, more important, when do they arrive, asks Morag – she is not a good traveller.

Morag: **Dè 'n uair a tha sinn a' falbh?**
Miss Grant: **Aig leth-uair an dèidh a naoi, anns a' mhadainn.**
Morag: **Agus cuin a tha sinn a' ruighinn?**
Miss Grant: **Bidh sinn ann aig cairteal gu dhà.**
Morag: **Còig uairean! Tha sin uabhasach fada.**

Miss Grant goes on to explain how they will get there.

Jean: **Ciamar a tha sinn a' dol ann?**
Miss Grant: **Tha sinn a' falbh à Glaschu air a' bhus. Agus tha sinn ann am Malaig mu uair.**
Jean: **Agus an uair sin?**
Miss Grant: **An uair sin tha sinn a' dol a-null a dh'Armadal air a' bhàta.**
Jean: **Oh – air a' bhàta! Cha toigh leam idir am bàta. Dè cho fada 's a tha sin?**
Miss Grant: **Còig mìle – tha sinn thall ann an leth-uair. An uair sin tha sinn a' dol air a' bhus a-rithist – airson dà uair a thìde agus cairteal.**

Jean's family have already been away on holiday and it cost a lot. She is not sure if the family can afford the trip. To convince her, Miss Grant tells her what she gets for her money.

Jean: **Dè tha e?**
Miss Grant: **Leth-cheud not. Airson bus agus bàta dhan Eilean Sgitheanach. Agus airson seachdain agus dà latha anns an Eilean Sgitheanach – leabaidh, bracaist agus dinnear. Chan eil sin dona, a bheil?**
Jean: **Chan eil, tha mi cinnteach.**

Track 19 (17/1)

Riochdaire: Your conversation with Mairead should begin

Nighean: **Cuir air an telebhisean.**
Balach: **Chuir mi air an telebhisean.**

Nighean: **Seas ri taobh an tidseir.**
Balach: **Sheas mi ri taobh an tidseir.**

CD 3 Scripts - Fiosrachadh agus Cuideachadh

Track 20 (17/2)

Riochdaire: Here are some of the examples of sentences you could make up.

For example. If a **1** shows on the dice you could say

Nighean 1: **Chuir mi air an solas.**

Riochdaire: If a **2** shows, you could say

Balach 1: **Dhùin mi an doras.**

Riochdaire: If a **3** shows, you could say

Nighean 2: **Ghabh mi cupa tì.**

Riochdaire: If a **4** shows, you could say

Balach 1: **Sheas mi.**

Riochdaire: If a **5** shows, you could say

Nighean 1: **Shuidh mi sìos.**

Riochdaire: If a **6** shows, you could say

Nighean 2: **Chuir mi dheth an rèidio.**

Track 21 (Faclair Unit 17)

Riochdaire: The following words and phrases are used in Unit 17.

a' coimhead
air a' fòn
air an oidhche
a' leughadh
anmoch
Anndra
anns a' bhùth
anns a' mhadainn
anns an eaglais
anns an taigh-òsta
An robh thu ... ?
aodann
a' sgrìobhadh
a' snàmh
an uair sin
a-raoir

Bha mi ...
Bhuannaich mi ...
Bhruidhinn mi ri ...

CD 3 Scripts - Fiosrachadh agus Cuideachadh

bracaist
buannaich
buannaichibh
bùth; a' bhùth

cafaidh; an cafaidh
caraid; a' charaid
ceistean; na ceistean
Cha robh mi ...
Cheannaich mi ...
Choimhead mi ...
Chuir mi ...
cuairt; a' chuairt

Daibhidh
dhachaigh
Dh'fhuirich mi ...
Dh'ìth mi ...
Dhùin mi ...
dìsnean; na dìsnean

eaglais; an eaglais
Èirich

Fàg e
feasgar; am feasgar
feasgar
Feuch e

gèam
Ghabh mi ...
glainne; a' ghlainne

leabhar-latha; an leabhar-latha
Le dùrachd

mun cuairt

oidhche; an oidhche

peata; am peata
pìos cèic

riamh

's
's dòcha
sgioba; an sgioba
sgìth
sgoinneil
Sheas mi ...
Shuidh mi ...

trang
tràth
trèana; an trèana

uaireigin
ùr

Track 22 (Sgeulachd Unit 17)

Dè Rinn Thu?

When John returns from his weekend in Staffin, his mother expects all the news.

Mother: **Dè bha thu a' dèanamh Dihaoine?**
John: **Ghabh sinn biadh an toiseach.**
Mother: **Dè ghabh sibh?**
John: **Iasg agus buntàta … agus tì … agus cèic.**
Mother: **Agus an uair sin …?**
John: **An uair sin dh'fhalbh sinn a-mach.**
Mother: **Càite?**
John: **Don diosgo anns an talla.**

She wants to know more about the disco.

Mother: **An robh an diosgo math?**
John: **Bha – bha e glè mhath.**
Mother: **An robh thu a' dannsa?**
John: **Cha robh.**
Mother: **Carson?**
John: **Cha toigh leam dannsa.**

Of course, there is one thing in particular she wants to find out – when they got home!

Mother: **Cuin a bha sibh dhachaigh?**
John: **Chan eil fhios agam.**
Mother: **An robh e anmoch?**
John: **Cha robh. Bha sinn dhachaigh tràth.**
Mother: **Cuin?**
John: **Aig deich uairean.**
Mother: **Aig deich uairean?**
John: **Uill … aig aon uair deug!**

On Saturday, Calum's father had taken them for a run in the car. John hurriedly switches the conversation to that.

John: **Dh'fhalbh sinn anns a' chàr aig athair Iain.**
Mother: **Càite?**
John: **Mun cuairt Stafainn.**
Mother: **'S an robh sin math?**
John: **Bha.**

And Saturday night?

Mother: An robh sibh trang?
John: Cha robh. Bha sinn a' coimhead an telebhisean.
Mother: Agus dè bha sibh a' dèanamh Latha na Sàbaid?
John: Bha sinn anns an eaglais anns a' mhadainn.
Mother: Agus feasgar?
John: Bha sinn air an tràigh air chuairt.

Track 23 (Dè Cha3nas Mi? Unit 17)

1. To say what someone has done

You have already heard and learned a number of command words like **dùin, gabh, suidh** and so on.

You came across them in phrases like

Dùin an doras
Gabh cupa cofaidh
Suidh sìos

If you want to say that someone has done something, then you change the sound of the beginning of the command word.

Your teacher will explain to you how this is done.

In writing, this is usually done by putting an **h** after the first letter of the word

Dhùin mi an doras
Ghabh mi cupa cofaidh
Shuidh Eilidh sìos

Imagine you are visiting a friend's house. You are offered a cup of coffee, but you don't want one because you've just had one at home.

The conversation might go like this

Friend: Gabh cupa cofaidh.
You: Ghabh mi cupa cofaidh aig an taigh.

This works with most of the command words.

2. To ask someone if they have done something

To ask people if they have done something, you put **An do** before the past tense form of the verb

An do ghabh ... ?
An do dhùin ... ?
An do chuir thu air an rèidio?

An do sheas thu ri taobh Alastair?
An do shuidh thu sìos?

3. To answer "Yes" or "No" when asked if you have done something

If someone asks you if you have done something, you answer "Yes" by using the past tense form of the verb.

Anna: **An do chuir thu air an rèidio?**
Niall: **Chuir.**

Anndra: **An do dhùin thu an doras?**
Tormod: **Dhùin.**

You answer "No" by using the **Cha do** form of the past tense

Iain: **An do ghabh thu do bhiadh?**
Màiri: **Cha do ghabh.**

Sìne: **An do chuir thu air an telebhisean?**
Mòrag: **Cha do chuir.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Track 1 (1/5)

Balach 1: **Dè 'n t-ainm a th' ort?**
Dè 'n t-ainm a th' oirbh?
Dè 'n t-ainm a th' oirbh?
Dè 'n t-ainm a th' oirbh?
Dè 'n t-ainm a th' ort?
Dè 'n t-ainm a th' ort
Dè 'n t-ainm a th' oirbh?

Track 2 (1/11)

Balach 1: **Halò, a Chatrìona. Seo Anna.**
Halò, a Chaluim. Seo Màiri.
Hai, a Sheumais. Seo Catrìona.
Seo Calum, a Chatrìona.
Halò. Seo Seumas, a Chaluim.
Hai, Anna. Seo Mòrag.

Track 3 (2/1)

Nighean 1: **Ciamar a tha thu?**
Ciamar a tha thu?
Ciamar a tha sibh?
Ciamar a tha thu?
Ciamar a tha sibh?
Ciamar a tha sibh?
Ciamar a tha sibh?

Track 4 (2/8)

Nighean: **Hai.**

Dè 'n t-ainm a tha ort?

Is mise Mòrag. Ciamar a tha thu?

Track 5 (3/1)

Riochdaire: **trì-deug ... sia ... trì ... fichead ... aon ... ochd ... còig-deug ... seachd ... dhà-dheug ... naoi-deug.**

Track 6 (3/2)

Balach 1: **Halò, a Chatrìona.**
Nighean 1: **Halò, a Dhòmhnaill. Ciamar a tha thu?**
Balach 1: **Tha gu math, tapadh leat. A bheil fòn agad?**
Nighean 1: **Tha. Inbhir Nis còig, ceithir, ceithir, dhà, trì, dhà.**
Balach 1: **Tapadh leat.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Nighean 2: **A bheil fòn agad, a Ruairidh?**
Balach 2: **Tha. Trì, ceithir, ochd, a dhà.**
Nighean 2: **Trì … ceithir … ochd … a dhà. Glè mhath.**

Nighean 1: **A bheil fòn aig Niall?**
Balach 1: **Chan eil.**

Balach 2: **Halò**
Nighean 2: **Halò. Seo seachd … naoi … aon … sia.**
Balach 2: **Halò … a Mhòrag?**
Nighean 2: **Seadh.**
Balach 2: **Seo Ruairidh.**
Nighean 2: **O, halò, a Ruairidh.**

Track 7 (3/10)

Riochdaire:
1. **Madainn mhath. Is mise Patsaidh. Tha mi còig-deug.**
2. **Seo Tòmas. Tha mise deich.**
3. **Feasgar math dhuibh. Is mise Ceitidh. Tha mi fichead.**
4. **Cairistìona an-seo. Tha mi còig. Tapadh leibh.**
5. **Is mise Peadar. Ciamar a tha sibh? Dè 'n aois a tha sibh? Tha mise naoi-deug.**
6. **Latha math. Tha mi a dhà-dheug. Is mise Fionnlagh.**
7. **Is mise Iseabail. Dè 'n t-ainm a th' ort? Dè 'n aois a tha thu? Tha mise ceithir-deug.**
8. **Ruairidh an seo. Tha mi seachd.**

Track 8 (4/5)

Nighean: **Halò, Alastair. Càit a bheil thu a' fuireach?**
Balach 1: **Tha mi a' fuireach ann am Port Rìgh.**

Nighean: **Halò, a Sheumais.**
Fireannach 1: **Halò.**
Nighean: **Càit a bheil sibh a' fuireach?**
Fireannach 1: **Dùn Dè. Tha mi a' fuireach ann an Dùn Dè, a Mhàiri.**

Nighean: **Hai.**
Balach 2: **Halò.**
Nighean: **Dè an t-ainm a tha ort?**
Balach 2: **Is mise Iain.**
Nighean: **Agus is mise Màiri. Ciamar a tha thu, Iain?**
Balach 2: **Tha gu math.**
Nighean: **Càit a bheil thu a' fuireach?**
Balach 2: **Tha mi a' fuireach ann an Glaschu.**

Nighean: **Halò, a Chatrìona.**
Boireannach: **Halò, a Mhàiri. Ciamar a tha thu?**
Nighean: **Tha gu math. Càit a bheil sibh a' fuireach, a Chatrìona?**
Boireannach: **Tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Fireannach 2: **Halò, a Mhàiri.**
Nighean: **Halò, a Chaluim. Ciamar a tha sibh?**
Fireannach: **Tha gu math.**
Nighean: **Càit a bheil sibh a' fuireach, a Chaluim?**
Fireannach: **Tha mi a' fuireach ann an Ìle.**

Nighean: **A Chailein!**
Balach 3: **Seadh?**
Nighean: **Hai! Ciamar a tha thu?**
Balach 3: **Halò. Tha gu math.**
Nighean: **Càit a bheil thu a' fuireach, a Chailein?**
Balach: **Leòdhas. Tha mi a' fuireach ann an Leòdhas, a Mhàiri.**

Track 9 (4/6)

Riochdaire: **Tha Aonghas a' fuireach ann an Inbhir Nis; tha Ruairidh a' fuireach ann am Muile, agus tha Dòmhnall a' fuireach ann an Ìle; tha Coinneach a' fuireach ann an Glaschu; tha Niall a' fuireach ann an Dùn Bheagain, agus tha Tormod a' fuireach ann an Leòdhas.**

Track 10 (4/7)

Nighean 1: **Is mise Màiri agus tha mi a' fuireach ann am Peairt. Tha mi trì-deug.**
Balach 1: **Is mise Alastair. Tha mi a' fuireach ann an Leòdhas agus tha mi trì-deug.**
Nighean 2: **Is mise Catrìona. Tha mi a' fuireach ann an Glaschu agus tha mi aon-deug.**
Balach 2: **Is mise Iain. Tha mi dhà-dheug agus tha mi a' fuireach anns an Òban.**
Balach 3: **Is mise Calum agus tha mi dhà-dheug. Tha mi a' fuireach ann am Port Rìgh.**

Track 11 (4/8)

Nighean 1: **Is mise Mòrag. Tha mi dhà-dheug agus tha mi a' fuireach ann an Glaschu.**
Balach 1: **Is mise Alastair. Tha mi a' fuireach ann am Port Rìgh agus tha mi aon-deug.**
Balach 2: **Is mise Calum. Tha mi trì-deug agus tha mi a' fuireach ann an Inbhir Nis.**
Balach 3: **Is mise Iain. Tha mi dhà-dheug agus tha mi a' fuireach ann an Dùn Èideann.**
Nighean 2: **Is mise Anna agus tha mi a' fuireach ann am Peairt. Tha mi aon-deug.**
Nighean 3: **Is mise Catrìona agus tha mi a' fuireach ann an Glaschu. Tha mi aon-deug.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Track 12 (4/16)

Riochdaire: **Halò.**
Dè 'n t-ainm a tha ort?
Ciamar a tha thu?
Dè 'n aois a tha thu?
Càit a bheil thu a' fuireach?
Tapadh leat.

Track 13 (5/17)

Nighean: **An toigh leat Dùn Dè?**
Balach: **Cha toigh leam Dùn Dè.**
Nighean: **An toigh leat Inbhir Nis?**
Balach: **Is toigh leam Inbhir Nis.**
Nighean: **An toigh leat Uibhist?**
Balach: **Is toigh leam Uibhist.**
Nighean: **An toigh leat an Gearasdan?**
Balach: **Cha toigh leam an Gearasdan.**
Nighean: **An toigh leat Glaschu?**
Balach: **Cha toigh leam Glaschu.**
Nighean: **An toigh leat Leòdhas?**
Balach: **Is toigh leam Leòdhas.**
Nighean: **An toigh leat Dùn Èideann?**
Balach: **Is toigh leam Dùn Èideann.**
Nighean: **An toigh leat Sruighlea?**
Balach: **Cha toigh leam Sruighlea.**

Track 14 (5/19)

Balach 1: **Is mise Alastair. Tha bràthair agus piuthar agam, ach cha toigh leam iad. Tha iad crosta. Chan eil peata agam.**

Nighean 1: **Is mise Fiona. Tha cuilean agus iasg agam agus tha dà phiuthar agus bràthair agam cuideachd.**

Balach 2: **Is mise Iain. Tha bràthair agus piuthar agam agus 's toigh leam iad. Tha piseag agus dà uan agam.**

Nighean 2: **Is mise Anna. Tha dà bhràthair agus piuthar agam. Tha cù agam cuideachd. 'S caomh leam e; tha e laghach.**

Nighean 3: **Is mise Màiri. Chan eil bràthair no piuthar agam, ach tha uan agus luch agam. Tha iad snog.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Track 15 (5/22)

Nighean: **Hai. Is mise Sìne ChaimbeuI agus tha mi trì-deug. Tha mi a' fuireach ann an Tiriodh. Is toigh leam Tiriodh – tha e snog agus math. Tha bràthair agam, Alastair, ach chan eil piuthar agam idir. Tha Alastair aon-deug agus tha e laghach. Tha cù agus dà phiseag agam.**

Balach: **Latha math. Is mise Iain MacLeòid agus tha mi a' fuireach ann an Dùn Èideann. Tha mi dhà-dheug. Tha dà bhràthair agus piuthar agam. Is iad Niall, Cailean agus Catrìona. Tha Niall a' fuireach ann an Glaschu. Tha e fichead. Tha Cailean trì-deug agus tha Catrìona aon-deug. Is toigh leam Niall, ach tha Cailean agus Catrìona crosta. Cha toigh leam an rèidio ach is toigh leam an telebhisean. Chan eil peata agam**.

Track 16 (5/23)

Riochdaire: **Dè 'n t-ainm a tha ort? … Ciamar a tha thu? …**
Càit a bheil thu a' fuireach? … An toigh leat e? …
An toigh leat Gàidhlig? …
A bheil bràthair agad? … Agus a bheil piuthar agad? …
Dè 'n t-ainm a tha air do bhràthair agus do phiuthar? …
Dè 'n aois a tha thu? … An toigh leat telebhisean? …

Track 17 (6/5)

Fireannach: **Is mise Iain agus tha mi ag iarraidh càr.**
Boireannach 1: **Is mise Sìne. Tha mi ag iarraidh iasg.**
Boireannach 2: **Tha mi ag iarraidh cèic. Is mise Ceitidh.**
Nighean: **Is mise Anna agus tha mi ag iarraidh ubhal.**
Balach: **Is mise Seumas. 'S toigh leam tì agus tha mi ag iarraidh cupa tì.**

Track 18 (6/6)

Fireannach 1: **Halò, Anna. Dè tha thu ag iarraidh?**
Boireannach 1: **Halò, a Sheumais. Uill, tha mi ag iarraidh càise. aran, bainne, ùbhlan, cofaidh agus siùcar.**
Fireannach 1: **Ceart. Càise, aran, bainne, ùbhlan, cofaidh agus siùcar. Seo.**
Boireannach 1: **Tapadh leibh, a Sheumais.**

Boireannach 2: **Halò, a Mhàiri. Ciamar a tha thu?**
Nighean: **Tha gu math, tapadh leibh.**
Boireannach 2: **Glè mhath. Dè tha thu ag iarraidh?**
Nighean: **Tha mi ag iarraidh bainne, seòclaid, buntàta, peuran agus ùbhlan.**
Boireannach 2: **O, tha mi duilich. Chan eil peuran no ùbhlan agam idir, a Mhàiri. A bheil thu ag iarraidh orainsear?**
Nighean: **Chan eil, tapadh leibh. Cha toigh leam orainsearan.**

Fireannach 2: **Halò, a Sheumais.**
Fireannach 1: **Halò, a Chaluim. Ciamar a tha thu?**
Fireannach 2: **Tha gu math, tapadh leat.**
Fireannach 1: **Seadh, agus dè tha thu ag iarraidh, a Chaluim?**
Fireannach 2: **A bheil ùbhlan agus peuran agad?**
Fireannach 1: **Tha mi duilich, a Chaluim, chan eil. Tha orainsearan agam. A bheil thu ag iarraidh orainsearan?**
Fireannach 2: **Chan eil, tapadh leat. Tha mi ag iarraidh aran agus briosgaidean.**
Fireannach 1: **Aran agus briosgaidean ... seadh.**
Fireannach 2: **Tapadh leat. Agus càise agus bainne.**
Fireannach 1: **Càise agus bainne ... ceart.**
Fireannach 2: **Agus seòclaid agus cofaidh.**
Fireannach 1: **Tha mi duilich. Chan eil seòclaid no cofaidh agam idir.**
Fireannach 2: **A bheil tì agad?**
Fireannach 1: **Tha.**
Fireannach 2: **Glè mhath. Tì, ma-thà. Tapadh leat.**

Track 19 (6/7)

Riochdaire: **Ciamar a tha sibh? ... Dè tha sibh ag iarraidh?: brot, sùgh orainseir no pâté agus aran? ... A bheil sibh ag iarraidh iasg, feòil no sailead càise? Tha an t-iasg uabhasach math ... Agus a bheil sibh ag iarraidh cèic seòclaid no càise agus briosgaidean?... Agus tha cofaidh no tì agam ... Dè tha sibh ag iarraidh? ... Tapadh leibh ...**

Track 20 (6/9)

Fireannach: **Halò.**
Boireannach: **Halò.**
Pàiste: **Halò.**
Fireannach: **Ciamar a tha sibh?**
Boireannach: **Tha gu math, tapadh leibh.**
Fireannach: **Agus ciamar a tha thu?**
Pàiste: **Tha gu math, tapadh leibh.**
Fireannach: **Uill, dè tha sibh ag iarraidh?**
Pàiste: **Tha mi ag iarraidh cù.**
Boireannach: **Chan eil.**
Pàiste: **Tha.**
Boireannach: **Chan eil idir! Tha mise ag iarraidh iasg agus tha thusa ag iarraidh iasg cuideachd.**
Pàiste: **Chan eil. Chan eil mi ag iarraidh iasg idir. Cha chaomh leam iad. Tha mi ag iarraidh cù snog.**
Fireannach: **Dè 'n t-ainm a tha ort?**
Pàiste: **Calum. Is mise Calum MacDhòmhnaill.**
Fireannach: **Seadh, a Chaluim. Agus a bheil thu ag iarraidh cù?**
Pàiste: **Tha. Alsation no Rottweiler.**
Fireannach: **Uill, tha mi uabhasach duilich, ach chan eil cù agam idir.**
Pàiste: **Dè?**
Fireannach: **Chan eil. Ach tha iasg snog agam.**
Pàiste: **Iasg? Huh!**
Fireannach: **Seo. An toigh leat e?**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Pàiste: **Cha toigh l'.**
Boireannach: **A Chaluim!**
Pàiste: **Uill, chan eil e uabhasach math … ach … 's toigh l'. 'S toigh leam e.**
Fireannach: **Glè mhath. Seo.**
Pàiste: **Tapadh leibh.**
Boireannach: **Tapadh leibh. Thalla a-mach, a Chaluim.**
Pàiste: **Cheerio.**
Fireannach: **Cheerio, a Chaluim.**
Boireannach: **Tapadh leibh. Tha Calum ag iarraidh cù, ach cha toigh leam iad idir. Chan eil iad laghach.**
Fireannach: **Uill, chan eil Rottweilers laghach idir.**

Track 21 (7/1)

Riochdaire: **Fàilte don Chrannchar Nàiseanta**
ceathrad 's a còig
caogad 's a h-ochd
trithead 's a dhà
naochad 's a naoi
seasgad 's a h-aon
seachdad 's a trì
ochdad 's a ceithir

Riochdaire: **Agus a-nis Lotto Extra**
còig
fichead 's a dhà
trithead 's a dhà
trithead 's a trì
ceathrad 's a h-aon
ceathrad 's a còig

Riochdaire: **Agus Thunderball**
sia
naoi
fichead 's a trì
trithead
trithead 's a ceithir
còig

Track 22 (7/9)

Riochdaire: **Fàilte don Chrannchar Nàiseanta. Seo àireamhan na h-oidhche nochd.**
dà fhichead 's a h-ochd leth-
cheud
fichead 's a trì-deug
ceithir fichead 's a dhà-dheug
trì fichead 's a còig
trì fichead 's a ceithir
ceithir fichead 's a sia

Riochdaire: **Agus a-nis Lotto Extra**
seachd
fichead 's a trì
fichead 's a ceithir-deug
fichead 's a seachd-deug
dà fhichead
dà fhichead 's a sia

Riochdaire: **Agus Thunderball**
seachd
deich
fichead 's a sia
fichead 's a deich
fichead 's a sia-deug
naoi

Track 23 (7/13)

Boireannach: **Hai. Madainn mhath dhuibh.**
Nighean: **Halò. Ciamar a tha sibh an-diugh?**
Boireannach: **Tha mi gu dòigheil, tapadh leat. Ciamar a tha thu?**
Nighean: **Chan eil dona. Tha mi ag iarraidh rud no dhà.**
Boireannach: **Glè mhath. Dè tha sibh ag iarraidh?**
Nighean: **Orainsearan. Tha mi ag iarraidh orainsearan.**
Boireannach: **Cia mheud orainsear?**
Nighean: **Ceithir, mas e do thoil e. Cuideachd, tha mi ag iarraidh ùbhlan**
Boireannach: **Dearg no uaine? Agus cia mheud ubhal?**
Nighean: **Ùbhlan dearga. Sia, mas e do thoil e.**
Boireannach: **Sin thu nis. Sia ùbhlan dearga. A bheil thu ag iarraidh càil eile?**
Nighean: **Chan eil, tapadh leat.**
Boireannach: **Mòran taing an-dràsta.**

Track 24 (7/14)

Fireannach 2: **Halò, a Mhàiri.**
Boireannach 1: **Halò, a Nèill. Ciamar a tha thu?**
Fireannach 2: **Tha gu math, tapadh leat. A bheil càise agad?**
Boireannach 1: **Tha.**
Fireannach 2: **Tha mi ag iarraidh pìos mòr.**
Boireannach 1: **Seo.**
Fireannach 2: **Glè mhath. Dè tha e?**
Boireannach 1: **Tha … not agus deich sgillinn.**
Fireannach 2: **Tapadh leat. Seo … not agus … còig … deich sgillinn.**
Boireannach 1: **Tapadh leat, a Nèill.**

Fireannach 1: **Uill, Anna, ciamar a tha sibh?**
Boireannach 2: **Tha gu math tapadh leibh.**
Fireannach 1: **Dè tha sibh ag iarraidh?**
Boireannach 2: **A bheil ùbhlan agaibh?**
Fireannach 1: **Tha. Cia mheud?**
Boireannach 2: **Ceithir.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Fireannach 1: **Seo, Anna. Ceithir ùbhlan. Tha iad math.**
Boireannach 2: **Dè tha iad?**
Fireannach 1: **Chì mi … dà fhichead sgillinn.**
Boireannach 2: **Ceart gu leòr.**
Fireannach 1: **Tapadh leibh.**

Boireannach 1: **Halò.**
Boireannach 2: **Halò, a Shìne.**
Boireannach 1: **Tha mi ag iarraidh cèic seòclaid.**
Boireannach 2: **Seo cèic. Tha i uabhasach math.**
Boireannach 1: **Dè tha i?**
Boireannach 2: **Ceithir fichead sgillinn 's a deich.**
Boireannach 1: **Oh, ceart gu leòr. Seo not.**
Boireannach 2: **Tapadh leat. Seo a' chèic agus seo deich sgillinn.**
Boireannach 1: **Tapadh leat.**

Track 25 (8/8)

Riochdaire: **fichead mionaid an dèidh sia**
cairteal gu còig
deich mionaidean gu aon uair deug
leth-uair an dèidh ochd
cairteal an dèidh naoi
fichead mionaid gu trì
còig mionaidean gu seachd
leth-uair an dèidh dhà
còig mionaidean an dèidh ceithir
cairteal gu deich
còig mionaidean fichead gu dà uair dheug
còig mionaidean fichead an dèidh ochd

Track 26 (8/14)

Nighean 1: **Halò, Fiona. Dè tha thu a' dèanamh Diciadain?**
Nighean 2: **Tha mi a' dol don talla.**

Balach 1: **Iain. A bheil thu a' dol don bhall-coise Disathairne?**
Balach 2: **Tha!**

Balach 2: **Cuin a tha an cèilidh ann, a Mhàiri?**
Nighean 1: **Carson? A bheil thu a' dol ann?**
Balach 2: **Tha.**
Nighean 1: **Uill, tha e ann Dihaoine. Tha mise a' dol ann cuideachd.**

Nighean 3: **Dè tha thu a' dèanamh Diluain, Alastair?**
Balach 1: **Och, chan eil càil.**
Nighean 3: **Uill, tha diosgo ann.**
Balach 1: **A bheil? 'S caomh leam diosgos. Tha iad uabhasach math.**

Balach 1: **A Dhòmhnaill!**
Balach 3: **Seadh?**
Balach 1: **A bheil thu a' dol don iomain Diardaoin?**
Balach 3: **Tha. Tha mo bhràthair a' cluich.**
Balach 1: **A bheil e math air iomain?**
Balach 3: **Tha.**
Balach 1: **A bheil thusa math?**
Balach 3: **Och, chan eil, ach 's caomh leam e.**

Track 27 (8/15)

Nighean: **Tha mi a' dol dhan sgoil aig leth-uair an dèidh ochd agus tha mi deiseil anns a' mhadainn aig cairteal an dèidh dà uair dheug. Tha mi a' dol do na bùthan an uair sin ach tha mi air ais anns an sgoil aig fichead mionaid gu dhà. Bidh mi ag obair ann an Tesco aig leth-uair an dèidh ceithir, ach tha mi deiseil mu shia uairean. Tha mi dhachaigh mu chairteal an dèidh sia.**

Track 28 (8/21)

Balach 1: **Hai, a Chaluim.**
Balach 2: **Halò, Iain. A bheil ball-coise ann Disathairne?**
Balach 1: **Tha.**
Balach 2: **Cuin?**
Balach 1: **Aig trì uairean.**

Fireannach: **A bheil thu ag obair Dihaoine?**
Boireannach: **Chan eil.**
Fireannach: **Tha dannsa ann aig naoi uairean Diardaoin.**
Boireannach: **Oh! Càite?**
Fireannach: **Anns an talla.**

Nighean 1: **Halò, Anna.**
Nighean 2: **Halò, a Mhòrag. Ciamar a tha thu?**
Nighean 1: **Tha gu math. Càit a bheil thu a' dol?**
Nighean 2: **Tha mi a' dol don talla. Tha mi a' cluich badmantan aig deich uairean.**
Nighean 1: **A bheil thu math air badmantan?**
Nighean 2: **Chan eil mi dona.**

Balach 1: **Tha cèilidh ann aig ochd uairean Dihaoine.**
Nighean 1: **Càite?**
Balach 1: **Anns an talla. Tha mise a' seinn.**

Balach 2: **Tha diosgo anns an talla an-diugh, a Chatrìona.**
Nighean 1: **Cuin?**
Balach 2: **Aig dà uair.**
Nighean 1: **Diosgo! Aig dà uair!**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Track 29 (8/22)

Nighean 3: **Halò, Fiona. Dè tha thu a' dèanamh Diciadain?**
Nighean 2: **Tha mi a' dol don talla.**

Balach 1: **Iain. A bheil thu a' dol gu ball-coise Disathairne?**
Balach 2: **Tha!**

Balach 2: **Cuin a tha an cèilidh ann?**
Nighean 3: **Carson? A bheil thu a' dol ann?**
Balach 2: **Tha.**
Nighean 3: **Uill, tha e ann Dihaoine. Tha mise a' dol ann cuideachd.**

Nighean 1: **Dè tha thu a' dèanamh Diluain?**
Balach 1: **Och, chan eil càil.**
Nighean 1: **Uill, tha diosgo ann.**
Balach 1: **A bheil? 'S toigh leam diosgos. Tha iad uabhasach math.**

Balach 1: **A Dhòmhnaill!**
Balach 3: **Seadh?**
Balach 1: **A bheil thu a' dol don iomain Diardaoin?**
Balach 3: **Tha. Tha mo bhràthair a' cluich.**
Balach 1: **A bheil e math air iomain?**
Balach 3: **Tha.**
Balach 1: **A bheil thusa math?**
Balach 3: **Och, chan eil, ach 's toigh leam e.**

Track 30 (9/5)

Nighean: **Dè tha air an làr?**
Balach: **Tha leabhar air an làr.**

Balach: **Dè tha air an deasg?**
Nighean: **Tha peansail air an deasg.**

Nighean: **Dè tha aig an doras?**
Balach: **Tha an cat aig an doras.**

Balach: **Dè tha aig an leabhar?**
Nighean: **Tha peann aig an leabhar.**

Nighean: **Dè tha air a' bhòrd?**
Balach: **Tha rèidio air a' bhòrd.**

Balach: **Dè tha air an leabhar?**
Nighean: **Tha ainm air an leabhar.**

Nighean: **Dè tha air a' bhòrd?**
Balach: **Tha leabhar air a' bhòrd.**

Balach: **Dè tha air a' bhalla?**
Nighean: **Tha dealbh air a' bhalla.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Track 31 (10/2)

Balach 1: **Halò. Is mise Màrtainn MacÌosaig. Tha mi trì-deug. Is toigh leam a bhith a' ruith. Tha mi a' ruith Diciadain agus Dihaoine aig seachd uairean.**

Nighean 1: **Madainn mhath dhuibh. Seo Seonag. Tha mise a' fuireach ann an Sruighlea. Is toigh leam a bhith a' sgrìobhadh. Tha mi a' dol gu Club Sgrìobhaidh Diluain aig leth-uair an dèidh seachd.**

Balach 1: **Dùbhghlas an-seo. Ciamar a tha sibh an-diugh? Tha mise gu math. Is toigh leamsa a bhith snàmh. Tha mi a' snàmh Dimàirt aig cairteal gu ochd.**

Balach 3: **Is mise Murchadh MacAoidh. Is toigh leamsa a bhith a' cluich ball-coise. Tha mi a' cluich ball-coise anns an sgoil a h-uile latha: - Diluain, Dimàirt, Diciadain, Diardaoin agus Dihaoine. Tha mi a' cluich ball-coise aig deich mionaidean gu uair agus a' sgur aig cairteal gu dhà. Ball-coise, ball-coise, ball-coise!! Cha toigh leam an sgoil.**

Nighean 2: **Is mise Iseabail Rothach. Is toigh leam a bhith a' seinn. Tha mi a' seinn aig cèilidhean agus, cuideachd, tha mi a' seinn feasgar Disathairne aig cairteal an dèidh còig.**

Track 32 (11/1)

Fireannach: **A Chailein! Fosgail an uinneag.**

Fireannach: **A Mhòrag!**
Nighean: **Seadh.**
Fireannach: **Suidh sìos.**

Fireannach: **Cuir dhìot do sheacaid, a Shìne.**

Fireannach: **Thalla, a Sheumais!**

Fireannach: **A Thòmais!**
Balach: **Seadh.**
Fireannach: **Cuir dheth an telebhisean.**

Track 33 (11/2)

Riochdaire: **Ceist aon.**

Fireannach: **Una!**
Nighean: **Seadh.**
Fireannach: **Dùin an uinneag.**

Riochdaire: **Ceist dhà.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Fireannach: **Suidh ri taobh Eilidh, a Chaluim.**

Riochdaire: **Ceist trì.**

Fireannach: **Anna!**
Nighean: **Dè?**
Fireannach: **Cuir dheth an solas!**

Riochdaire: **Ceist ceithir.**

Fireannach: **Bi sàmhach, a Mhàiri!**

Riochdaire: **Ceist còig.**

Fireannach: **Iain! Iain!**
Balach: **Seadh.**
Fireannach: **Fosgail an doras!**
Balach: **Carson?**
Fireannach: **Siuthad. Fosgail an doras a-nis!**

Riochdaire: **Ceist sia.**

Fireannach: **Dèan dealbh nad leabhar.**

Riochdaire: **Ceist seachd.**

Fireannach: **Càit a bheil thu a' dol? Èist rium, càit a bheil thu a' dol? Fuirich mionaid. Thuirt mi, fuirich mionaid an-dràsta!**

Riochdaire: **Ceist ochd.**

Fireannach: **Trobhad an-seo, mas e do thoil e, a Mhairead.**

Riochdaire: **Ceist naoi.**

Fireannach: **O, tha mi sgìth agus tha mi trang. Nigh na cupannan dhomh.**
Nighean: **Ach, tha mise sgìth cuideachd!**
Fireannach: **Siuthad a-nis. Nigh na cupannan dhomh, a ghràidh.**

Riochdaire: **Ceist deich.**

A loud noise (a mucical instrument being played talentless)

Fireannach: **Sguir dheth! Sguir dheth!**

Music stops.

Fireannach: **Tapadh leat.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Track 34 (11/7)

Balach: **Cuir air an telebhisean … Thigibh a-steach … Suidhibh sìos … Dùin an uinneag … Bithibh sàmhach … Cuir ort do sheacaid.**

Track 35 (12/1)

Boireannach: **Tha i ciùin ach fliuch ann an Uibhist is Barraigh. Tha i fliuch ach ciùin anns na Hearadh cuideachd agus tha i fliuch agus garbh ann an Leòdhas. Tha i tioram anns na h-Eileanan Beaga agus tha i blàth anns an Eilean Sgitheanach.**

Track 36 (12/2)

Boireannach: **Tha sibh ag èisteachd ri BBC Radio nan Gàidheal. Tha an t-àm a-nis sùil a thoirt air an aimsir airson an-diugh. Seo Murchadh Dòmhnallach.**

Fireannach: **An toiseach, Inbhir Nis agus Obar Dheathain. Tha i fuar ach tha i tioram.**
Ann an Leòdhas, Uibhist agus san Eilean Sgitheanach, tha i fliuch.
Tha i garbh ann an Muile, Tiriodh agus Ìle.
Mu dheireadh, Peairt, Glaschu agus Dùn Èideann – tha i ciùin agus tha i blàth.
Agus a-nis, aig cairteal an dèidh sia, seo Mòrag Anna Chaimbeul le "Ceòl air Clàr" …

Track 37 (13/1)

Nighean 1: **Halò, Aonghais. Ciamar a tha thu an-diugh?**
Balach 1: **Tha gu math, a Shìne. Ciamar a tha thu fhèin?**
Nighean 1: **Tha gu math, tapadh leat. A bheil thu ag iarraidh cupa tì, Aonghais?**
Balach 1: **Chan eil, tapadh leat. Chan eil am pathadh orm.**

Nighean 2: **Halò, a Ruairidh. Ciamar a tha thu?**
Balach 2: **Tha gu math, a Cheit. Ciamar a tha thu fhèin?**
Nighean 2: **Tha gu math. Dè tha thu a' dèanamh an-dràsta?**
Balach 2: **Chan eil càil. Carson?**
Nighean 2: **Tha mi fhèin, Seonaidh agus Eilidh a' dol dhan chafaidh airson piotsa. A bheil thu ag iarraidh a dhol ann?**
Balach 2: **Tha gu dearbh. Tha an t-acras orm.**

Balach 1: **Ealasaid. Halò.**
Nighean 2: **O Halò, Eòsaph. Dè tha thu a' dèanamh?**
Balach 1: **Tha mi a' snàmh. Dè tha thu fhèin a' dèanamh?**
Nighean 2: **Tha mi a' cluich badmantan anns an talla-spòrs. A bheil thu ag iarraidh gloinne còc no Irn Bru. Tha am pathadh orm a-nis.**
Balach 1: **Glè mhath. Tha am pathadh ormsa cuideachd.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Balach 2: **Feasgar math, a Mhairead. Ciamar a tha thu?**
Nighean 1: **Chan eil dona ach tha mi trang.**
Balach 2: **Tha mise trang cuideachd.**
Nighean 1: **Càit a bheil thu a' dol an-dràsta?**
Balach 2: **Tha mi a' dol dhan chafaidh airson biadh. A bheil thu a' tighinn?**
Nighean 1: **Chan eil, a Choinnich. Chan eil an t-acras orm. Tapadh leat, ach tha mi a' dol dhachaigh.**

Track 38 (13/2)

Balach 1: **Is mise Fionnlagh agus tha mi a' fuireach ann am Pàislig. 'S toigh leam spòrs agus tha mi math air ball-coise agus rugbaidh. Tha am pathadh orm a-nis.**

Nighean 1: **Halò, a Sheonag. Ciamar a tha thu?**
Nighean 2: **Tha gu math, tapadh leat, a Mhòrag. Ciamar a tha thu fhèin?**
Nighean 1: **Chan eil dona ach tha mi trang.**
Nighean 2: **Tha mise trang cuideachd.**
Nighean 1: **Càit a bheil thu a' dol an-dràsta, a Sheonag?**
Nighean 2: **Tha an t-acras orm agus tha mi a' dol dhan bhùth. Tha mi a' falbh. Latha math.**
Nighean 1: **Mar sin leat.**

(phone rings)

Boireannach: **Halò. Naoi, trì, còig, a dhà.**
Nighean 1: **Halò, a Mhamaidh. Marsaili an-seo.**
Boireannach: **Càit a bheil thu, a Mharsaili?**
Nighean 1: **Tha mi aig an taigh aig Sìne. Tha mi ag ithe mo bhiadh agus chan eil an t-acras orm.**
Boireannach: **Glè mhath. Cuin a tha thu a' fàgail?**
Nighean 1: **Aig naoi uairean.**
Boireannach: **Ceart. Tapadh leat airson fònadh. Mar sin leat an-dràsta.**
Nighean 1: **Mar sin leibh.**

Balach: **Feasgar math, a Chatrìona.**
Nighean 2: **Feasgar math, a Nèill. Dè tha thu a' dèanamh an-diugh?**
Balach: **Tha mi a' coimhead airson bròg an ùra.**
Nighean 2: **A bheil thu ag iarraidh deoch anns a' chafaidh?**
Balach: **Chan eil, tapadh leat. Chan eil am pathadh orm.**
Nighean: **Ceart gu leòr. Chì mi Diluain thu.**
Balach: **Mar sin leat.**

Track 39 (13/5 & 6)

Fireannach: **A Mhairead, a bheil an t-acras ort?**
Nighean: **Chan eil.**

Balach: **A bheil an t-acras oirbh, Anna?**
Boireannach: **Chan eil.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Boireannach: **A bheil am pathadh ort, Iain?**
Balach: **Tha. A bheil uisge agaibh?**
Boireannach: **Tha. Seo.**
Balach: **Tapadh leibh.**

Nighean: **A bheil an t-acras oirbh, Shona?**
Boireannach: **Tha. Tha mi ag iarraidh bracaist.**

Balach: **A Choinnich, a bheil am pathadh oirbh?**
Fireannach: **Chan eil.**

Fireannach: **A bheil am pathadh ort, a Mhòrag?**
Nighean: **Tha!**

Track 40 (13/9)

Nighean: **Halò, Anndra. Ciamar a tha thu?**
Balach: **Tha gu math, tapadh leat, a Cheit, ach tha an t-acras orm.**
Nighean: **Obh obh, Anndra. Chan eil sin ro mhath. Cuir dhìot do sheacaid agus suidh sìos. Nì mise biadh dhut. Dè tha thu ag iarraidh?**
Balach: **Chan eil fhios agam. Dè tha agad?**
Nighean: **Uill … tha uighean, feòil fhuar, aran, càise, silidh …**
Balach: **Tha mi ag iarraidh pìos arain agus càise.**
Nighean: **A bheil thu cinnteach?**
Balach: **Uill, tha mi ag iarraidh dà phìos arain agus cupa cofaidh.**
Nighean: **Tha mi duilich, Anndra, ach chan eil cofaidh agam. Tha mi a' dol a-mach dhan bhùth feasgar, ach tha tì agam.**
Balach: **Tha tì glè mhath.**
Nighean: **Ceart gu leòr ma-thà. Fuirich dà mhionaid. Cuir air an telebhisean fhad 's a tha thu a' feitheamh.**

Track 41 (14/1)

Riochdaire: **Dè 'n t-ainm a tha ort? … Ciamar a tha thu? … An toigh leat an sgoil? … Carson? … Dè tha thu a' dèanamh aig trì uairean Diluain? … Dè tha thu a' dèanamh aig deich uairean Dimàirt? … An toigh leat e? … A bheil thu a' dèanamh Gàidhlig aig dà uair Diciadain? … Dè tha thu a' dèanamh aig dà uair dheug Diardaoin? … Dè tha thu a' dèanamh aig aon uair deug Dihaoine?**

Track 42 (14/7)

Balach 1: **Angela, a bheil thu ag iarraidh briosgaid?**
Nighean 1: **Chan eil. Cha toigh leam briosgaidean.**
Balach 1: **Dè tha thu ag iarraidh?**
Nighean 1: **Tha aran agus càise. 'S toigh leam càise.**

Nighean 2: **Dè tha thu ag iarraidh, a Chaluim?**
Balach 2: **Tha cupa cofaidh. 'S caomh leam cofaidh.**
Nighean 2: **An caomh leat tì idir?**
Balach 2: **Cha chaomh. Cha d' fhiach i.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Nighean 1: **An toigh leat orainsearan?**
Nighean 3: **O, 's toigh l'. Tha iad uabhasach math.**
Nighean 1: **A bheil thu ag iarraidh orainsear?**
Nighean 3: **Tha.**
Nighean 1: **Seo.**
Nighean 3: **Tapadh leat.**

Nighean 2: **A Nèill, dè tha thu ag iarraidh?**
Balach 1: **Tha ubhal. A bheil ubhal agad?**
Nighean 2: **Chan eil. An caomh leat ùbhlan?**
Balach 1: **'S caomh.**
Nighean 2: **Tha peuran agam. A bheil thu ag iarraidh peur?**
Balach 1: **Chan eil, tapadh leat. Cha chaomh leam peuran idir.**

Balach 3: **Seo cupa cofaidh. A bheil thu ag iarraidh bainne agus siùcar?**
Nighean 1: **Tha mi ag iarraidh bainne ach chan eil mi ag iarraidh siùcar.**
Balach 3: **An toigh leat siùcar idir?**
Nighean 1: **Cha toigh l'. 'S toigh leam bainne ach cha toigh leam siùcar idir.**
Balach 3: **Seo. Cofaidh agus bainne.**
Nighean 1: **Tapadh leat, Alastair.**

Track 43 (14/15)

Nighean: **Hai. Is mise Sìne Chaimbeul agus tha mi trì-deug. Tha mi a' fuireach ann an Tiriodh. 'S caomh leam Tiriodh – tha e snog agus tha e uabhasach math.**
'S caomh leam an sgoil cuideachd ach cha chaomh leam Saidheans idir. Tha e doirbh agus tha mi sgìth dheth. Tha bràthair agam, Alastair, ach chan eil piuthar agam idir. Tha Alastair aon-deug agus tha e laghach. Tha cù agus dà phiseag agam. Tha m' athair ag obair ann am bùth agus tha mo mhàthair ag obair aig an taigh.

Balach: **Halò. Is mise Iain MacLeòid agus tha mi a' fuireach ann an Dùn Èideann. Tha mi dhà-dheug. Tha dà bhràthair agus piuthar agam, Niall, Cailean agus Catrìona. Tha Niall a' fuireach ann an Glaschu. Tha Cailean agus Catrìona trì-deug. 'S toigh leam Niall, ach tha Cailean agus Catrìona uabhasach crosta. Cha toigh leam an sgoil. Cha d' fhiach i. Ach 's toigh leam ealain agus spòrs – tha iad math. Chan eil peata agam idir.**

Track 44 (14/18)

Balach: **Is mise Dòmhnall Iain Camshron agus tha mi 13. Tha mi a' fuireach ann an Ùige anns an Eilean Sgitheanach. Tha mi ag èirigh aig 7.30 agus a' gabhail bracaist aig 7.50. Tha mi a' dol a Phort Rìgh dhan sgoil agus tha am bus a' fàgail aig 8.15. Anns an sgoil, is toigh leam Ceòl agus Eachdraidh ach cha toigh leam Fraingis idir – cha d' fhiach e. Bidh mi a' dol dhachaigh air a' bhus aig 4.00, ach Dimàirt tha mi a' dol gu Club Snàmh agus tha mi a' dol dhachaigh aig 5.20. Feasgar, tha mi a' cluich iomain no ball-coise. Tha mi a' dol dhan leabaidh mu 10.00.**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Track 45 (15/1)

Riochdaire: **Bha Tormod a' snàmh Disathairne. Bha Ealasaid a' seinn anns an talla. Bha Catrìona a' cluich ball-coise feasgar Dihaoine. Bha Ailean a' leughadh leabhar air iomain. Bha Sìne a' dèanamh dealbh airson Ealain. Bha Niall a' dannsa aig diosgo a bha anns an sgoil.**

Track 46 (16/5)

Nighean 1: **Is mise Mairead agus tha mi à Èireann.**

Nighean 2: **Is mise Anna agus tha mi às an Fhraing.**

Balach 1: **Tha mi ag ionnsachadh Gàidhlig anns an Eilean Sgitheanach ach tha mi às a' Ghearmailt. Is mise Tòmas.**

Boireannach: **Dè 'n t-ainm a th' ort?**
Balach 2: **Is mise Peadar.**
Boireannach: **Agus cò às a tha thu, a Pheadair?**
Balach 2: **Tha mi às an Eadailt.**

Nighean 1: **Tha mi a' fuireach anns an Eilean Sgitheanach an-dràsta, ach tha mi à Loch Abar ann an Alba. Is mise Catrìona.**

Nighean 2: **Is mise Ealasaid. Ciamar a tha thu?**
Balach 1: **Tha gu math, tapadh leat. Is mise Daibhidh agus tha mi às a' Chuimrigh. Ciamar a tha thu fhèin?**
Nighean 2: **O, tha gu dòigheil, tapadh leat a Dhaibhidh.**

Track 47 (16/11)

Boireannach: **A Sheònaid!**
Nighean 1: **Seadh?**
Boireannach: **Càit a bheil thu a' dol?**
Nighean 1: **Tha mi a' dol a Pheairt.**

Fireannach: **Càit a bheil Calum a' dol?**
Balach 1: **Tha e a' dol a Dhùn Èideann.**

Nighean 1: **A bheil thu a' dol a Mhuile, Angela?**
Nighean 2: **O chan eil. Tha mi a' dol a Ghlaschu.**
Nighean 1: **Tha sin math. 'S toigh leam Glaschu.**

Balach 1: **Cuin a tha thu a' dol dhachaigh, a Cheitidh?**
Nighean 1: **Tha mi a' dol ddachaigh a dh'Ìle Diardaoin.**

Balach 2: **Seadh, Lorna. Càit a bheil thu a' dol?**
Nighean 2: **Tha mi a' dol a dh'Obar Dheathain.**
Balach 2: **Dè? Obar Dheathain? Chì sinn!**

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Track 48 (17/1)

Nighean: **Cuir air an telebhisean.**
Seas ri taobh an tidseir.
Suidh sìos.
Gabh cupa tì.
Dùin an doras.
Cuir dheth an solas.
Suidh ri taobh Anna.
Cuir suas an CD.
Gabh glainne sùgh orainseir.
Dùin an uinneag.

Track 49 (Revision/l5)

You will hear Seumas giving information about himself.

Hai. Is mise Seumas Caimbeul.
Hai. Is mise Seumas Caimbeul.

Seumas continues.

Tha mi ceithir-deug agus tha mi a' fuireach ann am Peairt.
Tha mi ceithir-deug agus tha mi a' fuireach ann am Peairt.

He gives more information about where he lives.

Tha mi a' fuireach ann am baile mòr.
Tha mi a' fuireach ann am baile mòr

Seumas mentions school.

Tha mise a' coiseachd don sgoil. Tha seo a' toirt cairteal na h-uarach.
Tha mise a' coiseachd don sgoil. Tha seo a' toirt cairteal na h-uarach.

Seumas has his favourite subjects at school and others he is not fond of.

Anns an sgoil, is toigh leam Beurla oir tha e glè mhath. Ach, cha toigh leam Matamataig agus Eaconamas Dachaigh. Tha Matamataig doirbh agus cha d' fhiach Eaconamas Dachaigh.

Anns an sgoil, is toigh leam Beurla oir tha e glè mhath. Ach, cha toigh leam Matamataig agus Eaconamas Dachaigh. Tha Matamataig doirbh agus cha d' fhiach Eaconamas Dachaigh.

Seumas enjoys getting exercise at lunchtime.

Tha mi ann an Club Snàmh agus tha mi a' snàmh Dimàirt. Diciadain, tha mi a' dol gu Club ball-coise. Tha mi ag iarraidh a bhith cho math ri Daibhidh Beckham.

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

Tha mi ann an Club Snàmh agus tha mi a' snàmh Dimàirt. Diciadain, tha mi a' dol gu Club ball-coise. Tha mi ag iarraidh a bhith cho math ri Daibhidh Beckham.

Seumas' best friend is Tònaidh.

Is e mo charaid Tònaidh MacDhòmhnaill. Tha e laghach. Tha Tònaidh còig-deug. Tha cuilean agus piseag aige.

Is e mo charaid Tònaidh MacDhòmhnaill. Tha e laghach. Tha Tònaidh còig-deug. Tha cuilean agus piseag aige.

Tònaidh now talks about one of his pets.

Tha mo chuilean snog. Tha an cuilean dubh agus geal.
Tha mo chuilean snog. Tha an cuilean dubh agus geal.

Seumas and Tònaidh go to the canteen for their lunch.

Tha sinn ag ithe sliseagan agus ròla le càise. Cuideachd, tha sinn a' ceannach sùgh orainseir agus briosgaid seòclaid.

Tha sinn ag ithe sliseagan agus ròla le càise. Cuideachd, tha sinn a' ceannach sùgh orainseir agus briosgaid seòclaid.

They use a Smart Card to pay for their lunches.

Tha sia notaichean agus leth-cheud sgillinn againn airson seachdain.
Tha sia notaichean agus leth-cheud sgillinn againn airson seachdain.

The school will soon close for holidays.

Càit a bheil thu a' dol?
Càit a bheil thu a' dol?

Tònaidh replies.

Tha sinn a' dol dhan Spàinn.
Tha sinn a' dol dhan Spàinn.

Tònaidh is hoping for good weather.

Tha e teth agus tioram anns an Spàinn.
Tha e teth agus tioram anns an Spàinn.

Seumas on the other hand, has no plans for going away on holiday.

Tha mi a' dol gu gèam iomain.
Tha mi a' dol gu gèam iomain.

CD 4 Scripts - A' buntainn ri na duilleagan-obrach

He continues to talk about this event.

Tha an iomain ann an Dùn Èideann agus tha tiogaid dà not agus fichead sgillinn.

Tha an iomain ann an Dùn Èideann agus tha tiogaid dà not agus fichead sgillinn.

It is now time for Seumas and Tònaidh to go to registration.

Leth-uair an dèidh deich.
Leth-uair an dèidh deich.

As they go into the classroom, the teacher speaks.

Feasgar math, a Sheumais agus Tònaidh. Dùinibh an doras, mas e ur toil e.

Feasgar math, a Sheumais agus Tònaidh. Dùinibh an doras, mas e ur toil e.

The teacher counts the pupils.

Fichead 's a còig.
Fichead 's a còig.

Tònaidh and Seumas now head off to their different classes.

Deich mionaidean gu ceithir aig am bus-stad.
Deich mionaidean gu ceithir aig am bus-stad.